

Comataidh Inbhean MG ALBA

Premier Inn, Haymarket, Dùn Èideann

Dimàirt 25 Lùnastal 2015, 1000-1300

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Alasdair MacCaluim
Catriona Nic a' Phì Magaidh Choineagan
Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)
Mairead Chamshron (Deasaiche Seanail)
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

1. Leisgeulan

Cha robh gin.

2. Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air prògraman maoinichte le MG ALBA – “Piping Live” agus “Seirm” le Bees Nees Media. Tha Jo NicDhòmhnaill cuideachd air a h-ainmeachadh mar Chathraiche dà bhliadhna air Buidheann Stiùiridh Corpais Bhòrd na Gàidhlig. Tha am pròiseact seo air maoin fhaotainn bho MG ALBA.

Catriona Nic a' Phì – ag obair air prògram maoinichte le MG ALBA – “Farpaisean Chonchaorach” le mneTV.

Alasdair MacCaluim – ag obair air prògraman maoinichte le MG ALBA – “Rathad-iarrainn na Gàidhealtachd” le mactv agus “Fonn Fonn Fonn” le Moja Ltd. Thuirt Alasdair MacCaluim gu robh e cuideachd air prògram maoinichte leis a’ BhBC, “Leugh Mi”.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 9/6/15

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Fo-thiotalan

Chaidh còmhradh a chumail mu fo-thiotalan ann an co-theacsa Co-chomhairle MG ALBA. Ged a chaidh freagairt mu fo-thiotalan a chuir a-mach sa Cho-chomhairle agus ann am Blog bhon Àrd-Oifigear, chaidh aontachadh gur dòcha gum biodh e feumail criomagan beaga bhon dà phàipear seo a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta. **(Gnìomh: IMT)**. Chaidh aontachadh gum biodh Clàr an Fhoghair, le beairteas de phrògraman Gàidhlig, feumail ann a bhith a’ cur teachdaireachd làidir chun luchd-èisteachd.

5. Iomairtean ro-innleachdail / Cuir-an-gnìomh Lèirsinn 2020

Bha pàipear air beulaibh Bhall a’ moladh 11 iomairtean ro-innleachdail airson an fhad-ùine agus chaidh beachdachadh orra. Fon cheann Trèanadh, chaidh aontachadh gu robh fòcas air sgilean cànan riatanach. Chaidh aontachadh prìomhachas a thoirt do chùrsa sgilean cànan airson na meadhanan a chruthachadh, agus taic airson sin a dhèanamh a shireadh bho bhuidhnean eile. **(Gnìomh: IMT)**. Chaidh taing a thoirt do luchd-obrach airson pàipear math, soilleir a sgrìobhadh.

Chaidh innse gu robh Bòrd na Gàidhlig gu bhith a’ bruidhinn mun lèirsinn aca, a’ cur/le fòcas air òigridh bho 12-18, aig a’ Mhòd agus gu robh iad a’ lorg taic MG ALBA. Chaidh aontachadh ann am prionnsabal gum biodh sinn riatanach agus gum bu chòir coinneamhan a chuir air dòigh eadar an dà bhuidheann ron Mhòd, aig ìre Bùird agus aig ìre oifigear.

(Gnìomh: MAMI)

6. Rannsachadh mu bhuidh BBC ALBA

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh a) gum bu chòir don rannsachadh dèiligeadh ris na meadhanan Gàidhlig air fad seach telebhisean a-mhàin agus b) gur e fòcas an rannsachaidh aon uair 's gu bheil daoine air cur romhpa Gàidhlig ionnsachadh, dè a' bhuidh a tha aig na meadhanan Gàidhlig air slighe ionnsachaidh neach-cleachdaidh na Gàidhlig. **(Gnìomh: IMT)**

7. Sgaoileadh prògraman Gàidhlig thall thairis

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' mìneachadh nan diofar cheistean agus roghainnean a tha an lùib prògraman Gàidhlig a sgaoileadh gu luchd-cleachdaidh na Gàidhlig thall thairis agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh gum biodh e math nam b' urrainn seo a bhith mar ro-innleachd aig a' bhuidheann. Chaidh aontachadh ann am prionnsabal gu robhas airson a bhith an sàs ann agus chaidh moladh sònraichte iarraidh gus co-dhùnadh a dhèanamh aig an ath choinneamh. **(Gnìomh: DC)**

8. Pasgan Rannsachaidh Q1 2015/16

Chaidh seo a chomharrachadh. Thug an Ceannard Phrògraman iomradh air taisbeanadh Stuart Màrtainn air dèanadas BBC.

9. GISBE

Aithisg Bhliadhna 2014/15

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air a' bhuidheann airson aithisg cho math agus ealanta a chruthachadh.